



## Eaglais Abaid Dhùn Phàrlain

Tha eachdraidh na h-Abaid an lùib eachdraidh na h-Alba fhèin, leis gum b' ann an Dùn Phàrlain a bha rìghrean na h-Alba air an tiodhlacadh mus deach Eilean Ì a chleachdadh.

'S e an Abaid agus na **tobhtaichean** timcheall oirre na tha air fhàgail de Abaid Bhenedicteach a stèidhich Banrigh Mairead san aonamh linn deug. Tha **bunaitean** na h-eaglais aicese fo mheadhan na h-eaglais a th' ann an-diugh (an t-seann eaglais) a chaidh a thogail san dàrna linn deug san stoidhle Ròmanach le Daibhidh (mac Maireid agus Calum a' Chinn Mhòir).



Daibhidh (mac Maireid agus Calum a' Chinn Mhòir)

